

# NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 6 | 2013 | AN T-OG-MHIOS

## Facal Toisich

Anns an iris seo tha ar n-aire air fear de na bàird spioradail as ainmeile am measg nan Gàidheal, Pàdraig Grannd. Ged a bha e fhèin 'na Bhaisteach, bha agus tha na laoidhean aige air an seinn le daoine a bhuineas do gach eaglais.

Bidh sinn a' sgrìobhadh mu ar creideamh, agus a' labhairt agus a' deasbad ma dhèidhinn cuideachd. Ach nach math gun tèid againn air a bhith a' seinn mu nithean spioradail mar an ceudna. Tha na laoidhean aig Pàdraig Grannd agus bàird eile air togail a thoirt do dh'iomadh ginealach. Bha iad 'nam meadhan air daoine a dhùsgadh gu bhith a' smaoinichadh air an dàimh a bha aca ri Dia. Fhuair iomadh neach cofhurtachd le bhith a' leughadh no a' seinn laoidh. Bhiodh laoidhean air an cleachdadh airson firinnean an t-Soisgeil a theagasg do dhaoine.

Nuair a bha ath-bheothachadh spioradail anns a' Chuimrigh anns an naodhamh linn deug bha seinn aig teis-meadhan nan coinneamhan mòra a bha air an cumail agus bha daoine air an gluasad gu bhith a' sgrìobhadh laoidhean ùra anns na làithean sin. Nuair a bha an soisgeulaiche, D. L. Moody, a' searmonachadh air feadh Bhreatainn agus Amaireaga, bha an t-seinn aig Ira D. Sankey a' toirt cùl-taic dha anns na seirbheisean.

Tha togail mhòr ann an seinn nan salm. Chan eil na coitheanalan Gàidhlig cho mòr an-diugh agus a bha iad uaireigin, ach tha ùrachadh anns an t-seinn a chluinneas sinn air seirbheisean air an ràdio a chaidh a chur air clàr bliadhnachan air ais. Bha spionnadh anns an t-seinn agus creideamh an t-sluaigh a' tighinn am barr agus e follaiseach gur ann on chridhe a bha an t-òran-molaidh a' tighinn. Tha ceangal eadar creideamh agus seinn. Thubhairt Daibhidh gun do chuir Dia òran nuadh 'na bheul.

**Beannachd Dhè dhuibh uile,**

**Ruairidh MacLeòid.**



**Seo eaglais Thaigh a' Bhealaich ann an Earra Ghàidheal. Bha taigh-adhraidh air an làraich seo mu mheadhan na h-ochdamh linn deug. Chaidh an eaglais sin a thogail as-ùr agus a leasachadh. Chaidh eaglais ùr eile a chur an àird ann an 1827. 'S ann ann an 1893 a thòisich an obair air an togalach a chithear anns an dealbh. 'S e Cnapadal a Tuath an t-ainm a tha air an sgrìobhadh a bha làn Gàidhlig beagan ghinealach air ais.**

## Cùil Nan Ceist

Air a' mhìos seo smaoinich sinn air ceistean a chur oirbh mu shìth, agus daoine ag ùrnaigh gun tigeadh sìth mhaireannach gu iomadh dùthaich air feadh an t-saoghail. Gheibh sibh freagairt nan ceist anns na caibideilean anns a' Bhioball a tha sinn ag ainmeachadh agus tha na freagairtean cuideachd air an duilleig chùil.

1. Cò an rìgh aig an robh sìth o gach taobh mun cuairt dha? (1 Rìgh, caibideil 4.)
2. Lìon a' bheàrn: "Ullachadh ----- na sìthe". (Litir nan Ephesianach, caibideil 6.)
3. Cò a dh'imich ann an sìth o Dhaibhidh? (2 Sàmuel, caibideil 3.)
4. Dè a tha glan agus sìochail? (Litir Sheumais, caibideil 3.)

# Pàdraig Grannd (1783-1867)

Cluinnear fhathast rainn o na dàin spioradail aig Pàdraig Grannd gan aithris anns a' chùbaid agus nuair a tha na fir a' dèanamh fianais air Latha na Ceist aig àm Comanachaidh. Uair is uair chaidh an rann seo a thogail le neach-labhairt:

*O 's ann tha 'n èifeachd am fuil an Uain  
A chum ar n-euceartan a ghlanadh uainn;  
Ach 's bochd an sgeul a tha a-nis ri leughadh,  
Nach eil spèis dhi a rèir a luach.*

Ged nach biodh againn ach an ceathramh sin fhèin tha e a' toirt seallaidh dhuinn air dè a bha aig a' bhàrd anns an amharc 'na laoidhean: a bhith ag innse mu obair chrìochnaichte Chrìosd, agus am bròn a bha 'na chridhe nach robh tuilleadh de a cho-Ghàidheil a' gabhail ri losa mar Shlànaighear.

Bidh daoine ag aithris an rann seo on laoidh air a bheil *An Dachaigh Bhuan* ann a bhith a' cur an cuimhne luchd-èisteachd cho diombuan agus cho mì-chinnteach agus tha beatha an duine air an talamh:

*Tha sean is òg a' dol sìos don uaigh,  
Air lag 's air làidir tha 'm bàs toirt buaidh;  
Nuair thig an t-àm dhaibh an saoghal fhàgail,  
Mas tinn no slàn iad, cha tàmh iad uair.*

Chìthear an seo cho sìmplidh agus cho siùbhlach agus a tha cainnt a' bhàird agus e a' toirt teachdaireachd an t-Soisgeil seachad ann an dòigh cho brioghmhor.

Tha aoibhneas a' chreidmhaich againn ann an laoidhean leithid *Glòir an Uain*:

*Tha Sion a' seinn cho binn 's as urrainn,  
Toirt mìle urram don Uan,  
'S a' seinn air a' ghaol nach caochail tuilleadh,  
'S e shaor i buileach on truaigh;  
Halleluiah gu buan aig sluagh nam flaitheas,  
Tha cuartach' caithir an Rìgh;  
'S na leanas an t-Uan den t-sluagh air thalamh  
Seo am fuaime nì tairis an crìdh'.*

Thog sinn na briathran sin o leabhar a bha aig an Urr. Iain MacLeòid, ministear an Obain. Tha sgrìobhadh air an duilleig ag innse gun do chleachd Iain trì rainn den laoidh seo aig an t-seirbheis Ghàidhlig anns an Oban anns a' Ghiblean 1981.

Tha laoidhean aig a' Ghranndach air cuspairean a tha aig na bàird eile – *Latha a' Bhreitheanais*, *Am Bioball*, *Oran don Aois*, *Oran don Uaigh*. Ach chan eil dàin spioradail eile ann an Gàidhlig coltach ri *Oran mu Leanabh Og*. Tha mòran de na Gàidheil eòlach air an laoidh sin on t-seinn aig Calum Ceanadach air an ràdio.

Dàn eile a tha eadar-dhealaichte, 's e *Gearan nan Gàidheal*. Tha am bàrd a' bruidheann air na cleachdaidhean a bha aig na Gàidheil a bha esan a' smaoinichadh a bha an aghaidh spiorad an t-Soisgeil. Ach bha e a' dèanamh gairdeachais gu robh cùisean ag atharrachadh:

*Ach cliù gu sònraicht' do Rìgh na Glòire,  
Tha caochladh mòr air tighinn oirnn san àm;  
Tha solas glòrmhor tighinn tren cheò oirnn,  
'S tha an t-uisge beò air dol feadh nan gleann.*

Cha bhiodh na dàin aig Pàdraig Grannd air an cleachdadh ann an adhradh ann an eaglaisean far nach eil ach sailm Dhaibhidh air an seinn. Ach bhiodh iad air an seinn ann an coinneamhan-taighe.

Dè as coireach gu robh fèill cho mòr air na laoidhean aig Pàdraig Grannd agus gun cluinnear iad chun an latha an-diugh?

Chunnaic sinn a cheana gu bheil a' chainnt a tha annta furasta a leantainn. Ged a bhuineadh Pàdraig do Shrath Spè, bha na laoidhean a' labhairt ri sluagh ann an ceàrnaidhean eile den Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan an Iar. Tha tarraing anns na laoidhean a chionn gu bheil iad a' cleachdadh fhonn air an robh na Gàidheil eòlach mar-thà. Mar eisimpleir, 's e am fonn aig A *Mhàiri Bhàn Og* le Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir a bhios air a chur ri *Tha Sion a' seinn*. Bhiodh Teàrlach Wesley agus bàird eile cuideachd a' gabhail fuinn òran mar iasad.

Chan eil a h-uile laoidh a sgrìobh Pàdraig Grannd cho goirid no cho sìmplidh ris an fheadhainn a dh'ainmich sinn gu h-àrd. Tha

## Leabhraichean

Choisinn Pàdraig Grannd cliù iongantach am measg nan Gàidheal mar bhàrd spioradail. Ged a tha corr is dà cheud bliadhna bho dh'fhoillsicheadh na laoidhean Gàidhlig aige an toiseach, cluinnear na dàin aige fhathast. Ach chan eil Gàidheil na h-Alba cho eòlach air eachdraidh-beatha a' Ghranndaich agus air an obair mhìorbhaileach a rinn e mar shearmonaiche agus mar aoghaire, a bharrachd air a shaothair mar bhàrd. Tha a' bheàrn sin a-nis air a lìonadh leis an leabhar ùr seo.

Chan aithnicheadh am fear-leughaidh cò mu dhèidhinn a tha an leabhar le bhith a' coimhead air an tiotal air a' chòmhdach, mar a tha e againn gu h-àrd. Am broinn an leabhair tha fo-thiotal a bhiodh na b'fheàrr air an t-seacaid: **PETER GRANT'S LIFE, TIME AND LEGACY**. Anns an leabhar gu dearbh 's e sin a tha sinn a' faighinn - sealladh air beatha a' bhàird, air an linn anns an robh e beò, agus air an dileab a dh'fhàg e às a dhèidh.

Fad corr is dà fhichead bliadhna bha Pàdraig Grannd 'na mhinistear anns an Eaglais Bhaistich ann am Baile nan Granndach. Bhiodh e cuideachd a' cumail sheirbheisean air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha an leabhar ag innse cho ghnìomhach agus cho fìor dhìcheallach agus a bha e

### Highland Harvester

#### 'Bearing Fruit in Fields & Families'

Seòras Mitchell. £8.99

fad a bheatha. A thuilleadh air a bhith a' searmonachadh cò-dhiù dà thuras gach Sàbaid, a' cumail choinneamh-ùrnaigh agus choinneamhan eile tron t-seachdain, bha e trang 'na thuathanach agus ann a bhith a' togail teaghlach.


Tha torr eachdraidh anns an leabhar mu bhith a' craobh-sgaoileadh an t-Soisgeil am measg nan Gàidheal anns a' cheud chuid den naodhamh linn deug, mu dhùsgaidhean spioradail agus mar a stèidhicheadh an Eaglais Bhaisteach ann an Srath Spè.

Chan eil Gàidhlig aig an ùghdar ach tha e a' tarraing o na sgrìobhaidhean aig Dòmhnall Meek ann a bhith a' dèiligeadh ris na dàin spioradail. Tha cuid de na rainn mar a tha Dòmhnall gan eadar-theangachadh gu Beurla air an toirt seachad agus bheir seo blasad do leughadairean aig nach eil Gàidhlig air brìgh na bàrdachd. Rinn an t-ùghdar feum de na sgrìobhaidhean aig an Oll. Meek air beatha agus obair a' bhàird.

Air taobh a-muigh an leabhair chìthear dealbh dithis le each is cairt a' toirt dhachaigh luchd feòir. 'S iadsan ogha agus iar-ogha a' bhàird air tuathanachas nan Granndach ann an 1935.

Leabhar feumail, air pris a tha glè reusanta, a chuireas gu mòr ri ar n-eòlas air Pàdraig Grannd mar dhuine.

# Tòimhseachan Tarsaing



## Tarsaing

1. Tha an tì aig a bheil Dia làcoib mar a chobhair mar seo (4). – Salm 146.
4. “An nì a tha aosda agus air fàs ----.” (4)- Eabhraidhich, caibideil 8.
6. Bha duine a’ marcachd air. (4,5) – Sechariah, caibideil 1.
7. Thug Melchisedec seo a-mach. (4) – Genesis, caibideil 14.
9. Tha daoine mar seo anns a’ chaithir. (4) – Ecclesiastes, caibideil 9.
10. “Gum faicinn sin an --- ---- ---.” (3, 3, 3) – Salm 27, ann am meadrachd.
12. Aite far an robh fàsach. (4) – Isaiah, caibideil 16.
13. Tha seo fìor. (4) – 1 Timoteus, caibideil 1.

## Sios

2. Cha tug na h-òighean amaideach seo leo. (3) – Mata, caibideil 25.
3. “----- -- beatha” - bha seo a’ teachd a-mach à rìgh-chaithir Dhè. (7, 2) – Taisbeanadh, caibideil 22.
4. Bha na creidmhich a-nis mar seo. (6,3) – 1 Peadar, caibideil 2.
5. “----- mar shlabhraidh, uime sin.” (5) – Salm 73 ann am meadrachd.
8. Rinn losa seo airson peacaidhean an t-sluaigh. (5) – Eabhraidhich, caibideil 2.
11. “Dh’ith --- do thaighe suas mi. (3) – Soisgeul Eòin, caibideil 2.

**Gheibhear fuasgladh an Tòimhseachain air an duilleig chùil.**

corr is ceithir fichead ceathramh anns an dàn, *Glaodh nam Mairtreach*. ‘S ann airson a leughadh agus chan ann airson a sheinn a tha an dàn sin, saoilidh mi, agus e a’ tòiseachadh le creidmhich a’ fulang ri linn an t-Seann Tiomnaidh agus a’ cumail roimhe gus an do ràinig e creidmhich ann an Alba a fhuair bàs às leth Chrìosd.

Chaidh na mìltean thar mhiltean de na leabhraichean aig Pàdraig Grannd a chraobh-sgaoileadh am measg nan Gàidheal, ann an Alba agus thall thairis. Chaidh an leabhar a chlà-bhualadh as-ùr suas ri deich thar fhichead turas. Thàinig an leabhar mu dheireadh a-mach ann an 1923, air fhoillseachadh le Alastair MacLabhrainn agus air a dheasachadh gu cùramach le Eachann MacDhùghaill.

Tha grunn math de na leabhraichean aig Pàdraig Grannd aig Fear-deasachaidh nan *Duilleag*. Air a bheulaibh an-dràsda tha leabhar a thàinig a-mach ann an Eilginn ann an 1842. Bha a h-uile coltas ann gu robh an neach aig an robh e tric ga leughadh. Tha e air a chòmhdach le pàipear glas agus air fhuairgheal gu cùramach.



**Seo dealbh-làimhe a chaidh a tharraing le fear A. D. Birnie de Phàdraig Grannd nuair a bha am bàrd 'na dhuine òg. Tha e soilleir gur e trusgan ministeir a tha air anns an dealbh seo oir bha e an dà chuid 'na bhàrd agus 'na shearmonaiche.**

# Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a’ mhìos seo: “Is e Dia ar teàrmann agus ar neart.”  
Tha na faclan sin ann an Leabhar nan Salm. Tha

iad anns an t-siathamh salm thar an dà fhichead. (Salm 46:1) Sin na faclan aig toiseach an t-sailm. Bha an salmadair tric ann an cunnart. Bhiodh rudan a’ dol 'na aghaidh. Bha làithean dorcha 'na bheatha. Ach bha Dia 'na theàrmann dha nuair a bha naimhdean ga chuartaich. Nuair a bha e lag, bha Dia a’ toirt neirt dha. Thug an salm seo togail do dh'iomadh Crìosdaidh a bha a’ fulang rudan duilich. Seo an salm a b'fheàrr le Màrtainn Luther. Bheir e cofhurtachd dhuinne cuideachd.

Tha mi a’ sgrìobhadh seo air latha le caochladh aimsir. Tha an t-adhar glas dorcha an-dràsda. Ach nuair a chaidh mi cuairt

leis a’ chù anns a’ mhadainn bha an t-side taitneach. An-diugh chunnaic sinn grian agus chunnaic sinn uisge. Bidh farmad againn ri sluagh ceanna deas Shasainn. Tha làithean blàtha grianach acasan. Ach tha sinn a’ creidsinn gun tig aimsir bhrèagha thugainne fhathast. Bidh clann agus pàrantan a’ coimhead ri saor-làithean an t-samhraidh. Bidh na bàtaichean-aiseig trang le Gàidheil a’ dol dhachaigh agus coigrich à dùthchannan eile a’ cur eòlais air a’ Ghàidhealtachd.

Seanfhacal airson a’ mhìos seo: “Gheibh thu e nuair a gheibh thu nead na cuthaig.” (You'll get it when you find the

cuckoo's nest.) Chuala mi a’ chuthag ann am meadhan a’ Ghiblein. Bidh sinn a’ smaoinichadh gu bheil an samhradh faisg nuair a thig a’ chuthag. Tha fios againn nach eil nead aig a’ chuthaig. Fàgaidh i a h-uighean anns na neadan aig eòin eile. Tha an seanfhacal a’ ciallachadh a bhith a’ fiachainn ri rud-eigin a lorg nach faigh sinn gu bràth. Chan fhaigh sinn creideamh coileanta anns an t-saoghal seo. Gheibh sinn sin nuair a gheibh sinn nead na cuthaig.

Bha sinn duilich a chluinntinn gun deachaidh àireamh dhaoine a chall am bliadhna am measg

beanntan na Gàidhealtachd. Bha cuid dhùiu air an tiodhlacadh fon t-sneachd. Thuit feadhainn eile nuair a bha iad a’ streap no a’ coiseachd. Bha daoine ann a bha a’ coiseachd 'nan aonar. Tha e daonnan nas sàbhailte na tha cuideigin eile còmhla rinn. Air slighe sam bith, air slighe a’ chreidimh, bheir companaich cuideachadh dhuinn. Tha sin fìor gu h-àraidh mur eil sinn eòlach air an t-slighe. Tha daoine ann an cunnart am measg nam beann mur eil aodach ceart orra. Tha Pòl a’ bruidheann air “uile armachd Dhè.” Tha feum againn air an trusgan spioradail a bheir Dia dhuinn.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

## Thall 's a-Bhos

### AINMEAN AITEACHAN

Tha Aonghas Màrtainn air leabhar ionmholta fhoillseachadh air a bheil an t-ainm, *Kintyre Places and Place-Names*. Tha cuid mhath de na h-àiteachan sin aig a bheil ceangal ri eachdraidh na h-Eaglais ann an Cinntire. Tha an leabhar a' gabhail beachd air corr is mìle ainm air àiteachan ann an ceann a deas Earra Ghàidheal. Thugadh am follais e le *The Grimsay Press*. Bheir sinn sùil nas mionaidiche air an leabhar anns an luchar.

### RANN

'S iomadh neach bha gun dòchas,  
'S iad air seachran gun eòlas air sìth,  
Rinn mi shoillseach' 's a sheòladh  
Dh'ionnsaigh oighreachd is glòir tha gun chrich;  
'S iomadh cridhe bha brònach  
Rinn mi subhach le eòlas air Crìosd;  
'S rinn mi glic am fear gòrach,  
'S rinn càirdean de mhòran bha strìth.

Tha an rann seo anns an laoidh a sgrìobh Pàdraig Grannd mun Bhioball. Anns an dàn tha am Bìoball mar gum biodh e a' labhairt agus ag innse mun bhuaidh a bheir e air beatha an duine.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist co-cheangailte ri sìth a chuir sinn oirbh air an duilleig aghaidh. 1. Solamh. 2. ---soisgeul--- 3. Abner. 4. Gliocas.

### DILEAB MHICCALMAIN

Bha an t-Oll. Urr. Tòmas MacCalmain 'na Fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig* eadar 1951 agus 1980. A bharrachd air gach obair ionmholta eile a rinn e, bha e an sàs ann an leasachadh na Gàidhealtachd. Anns an Dàmhair thug an t-Oll. Dòmhnall Meek seachad òraid air na beachdan a bha aig MacCalmain air croitearachd agus ath-leasachadh cor nan Gàidheal, air a stèidheachadh air na sgrìobhaidhean Gàidhlig aig an fhìor sgoilear seo. Tha an òraid, *Charging at an Open Door?* a-nis againn ann an leabhra grinn agus gheibhear e o Urras Leabhraichean nan Eilean air £6.

### FUASGLADH AN TOIMHSEACHAIN

**Tarsaing** 1. Sona. 4. Sean. 6. Each ruadh. 7. Aran. 9. Gann. 10. Tìr nam beò. 12. Sela. 13. Ràdh.  
**Sìos** 2. Ola. 3. Abhainn na. 4. Sluagh mòr. 5. Ardan. 8. Rèite. 11. Eud.

### ADHBHAR GAIRE

Bha naidheachd air a h-innse mu mhinistear anns na làithean a dh'fhalbh nach b'urrainn searmon a thoirt seachad gun e a bhith sgrìobhte air a bheulaibh. An t-Sàbaid a bha seo ann an iomrall dh'fhàg e an searmon as a dhèidh anns a' mhansa. Dh'iarr e air

fear-togail an fhuinn tòiseachadh air an naodhamh salm deug thar a' cheud a sheinn agus cumail roimhe gus an tilleadh esan. Bha greis mhath ann mun do thill am ministear. Dh'fhaighnich e don mhaor-eaglais, a bha ga fheitheamh aig an doras, ciamar a bha a' dol dhaibh. "O," ars am beadal, "tha iad a-nis air an ceathramh rann thar cheithir fichead a chrìochnachadh agus tha iad a' biogail cleas nan luchainn."

### DEANAMAID ADHRADH

Seo an fheadhainn a bhios air ceann *Dèanamaid Adhradh* anns an Og-mhios. A' cheud Dhidòmhnaich: an t-Urr. Ruairidh MacFhionghain. An darna prògram: an t-Urr. Calum Dòmhallach (Eaglais Shaor Chalanais). An treas Sàbaid: an t-Urr. Ailean Moireach on Eaglais Shaoir Leantainnich. Air an treas Didòmhnic cluinnidh sinn an t-Urr. Coinneach D. MacLeòid (Inbhir Gòrdain). Air ceann na seirbheis mu dheireadh bidh Mgr. Dòmhnall MacLeòid o òrdagh nan White Fathers.

## Urnaigh

A Dhè thròcairich,  
tha sinn a' tighinn  
le ar teachdan-geàrr  
agus le ar fàilingidhean.  
Tha sinn taingeil  
gur ann gu caithir-gràis  
agus nach ann  
gu caithir-breitheanais  
a tha sinn a' tighinn.  
Thubhairt feadhainn eile,  
"Dèan tròcair oirnn,"  
agus fhuair iad mathanas.  
Deònaich dhuinn  
spiorad an aithreachais.

Amen

**An dealbh air an aghaidh:  
Dà bhàta le Mac a' Bhruthainn  
aig cidhe Loch nam Madadh,  
a rèir coltais an *Lochmor* agus an *Lochearn*,  
a bha 'nam peathraichean.  
Bha muinntir nan eilean gè eòlach  
aig aon àm air na bàtaichean seo.  
Nar latha-ne tha na bàtaichean-aiseig  
nas motha agus na slighean nas giorra.**